

Fiosrachadh Prìobhaideach – Sgeamaichean Maoineachaidh

Ro-ràdh

Tha dleastanas air Bòrd na Gàidhlig fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 (“an Achd”) a bhith a’ brosnachadh agus a’ leasachadh na Gàidhlig.

Bidh Bòrd na Gàidhlig a’ cleachdadh fiosrachadh pearsanta airson diofar adhbharan agus tha am fiosrachadh againn mu phrìobhaideachd a’ mìneachadh carson a bhios sinn a’ faotainn agus a’ cruinneachadh fiosrachadh pearsanta, agus ciamar a bhios sinn ga chleachdadh.

Tha an sanas prìobhaideachd seo a’ mìneachadh mar a chleachdas Bòrd na Gàidhlig fiosrachadh pearsanta a thèid a chruinneachadh tro na sgeamaichean maoineachaidh againn. Bidh Bòrd na Gàidhlig a’ buileachadh chùmhnanntan air daoine fa leth agus air buidhnean gus cinn-uidhe ro-innleachdail shònraichte a choileanadh, agus bidh e a’ toirt maoineachadh do dh’iomairtean ann an co-bhuinn ri buidhnean eile. Bidh Bòrd na Gàidhlig cuideachd a’ toirt maoineachadh do bhuidhnean poblach a tha a’ deasachadh Phlanaichean Gàidhlig no gan cur an gnìomh.

Dè am fiosrachadh a thèid a chruinneachadh?

Anns na foirmichean-iarrtais airson gach sgeama maoineachaidh bithear ag iarraidh an fhiosrachaidh a tha dhìth gus an sgeama a chur an sàs, agus ged a tha a’ mhòr-chuid dheth seo a’ buntainn ri buidhnean is pròiseactan, bidh cuid den fhiosrachadh a thèid a chruinneachadh mu dhaoine fa leth agus bi e air a mheas mar dhàta pearsanta fo lagh Dìon Dàta.

Dh’fhaodte gun tèid dàta pearsanta eile a chruinneachadh mar phàirt de rianachd sgeama maoineachaidh.

Gabhaidh seo a-staigh:

- Ainmean agus fiosrachadh conaltraidh thagraichean agus luchd-ùidh eile
- Far a bheil e iomchaidh, fiosrachadh mu theisteanasan agus eòlas nam prìomh chom-pàirtichean
- Dealbhan agus bhidio air an cur a-steach mar phàirt de thagraidhean no aithisgean adhartais
- Geàrr-chunntasan choinneamhan
- Sgrùdaidhean Cùise

Ciamar a bhios m’ fhiosrachadh air a chleachdadh?

Thèid am fiosrachadh agaibh a chleachdadh gus co-dhùnadh a dhèanamh mun iarrtas, agus airson luchd-iarrtais soirbheachail, gus am maoineachadh a rianachd a rèir teirmichean is cumhaichean, gus na dleastanasan sgrùdaidh is cunntachalachd aig Bòrd na Gàidhlig a choileanadh, agus gus fios a thoirt do luchd-ùidh mu chothroman maoineachaidh.

Dh’fhaodte gun tèid cuid den fhiosrachadh a gheibhear a chleachdadh cuideachd airson sgeamaichean a bhrosnachadh agus gus sealltainn mar as urrainn do bhuidhnean agus daoine eile a dhol an sàs ann. Dh’fhaodte gun cruinnich Bòrd na Gàidhlig fiosrachadh a bharrachd gu

sònraichte air adhbharan sanasachd rè a' chùmhnaidh, mar eisimpleir dealbhan. Iarraidh sinn cead sònraichte airson sin mus cleachd sinn fiosrachadh pearsanta air adhbharan sanasachd.

Gus am fiosrachadh pearsanta agaibh a chleachdadh airson an adhbhair seo, tha feum aig Bòrd na Gàidhlig air stèidh laghail gus ur fiosrachadh pearsanta a làimhseachadh. Tha na stèidhean laghail a leanas air an cleachdadh airson fiosrachadh pearsanta a thèid a chruinneachadh mar phàirt den phròiseas tagraidh airson maoineachadh no airson maoineachadh pròiseict a rianachd:

- Aonta – thèid seo a chleachdadh far a bheilear an dùil fiosrachadh sam bith fhoillseachadh a dh'aithnicheas daoine fa leth air adhbharan sanasachd. Thèid a mhìneachadh dhuibh gu soilleir cò ris a tha sibh ag aontachadh aig an àm a dh'iarrar ur n-aonta
- Leas a' phobaill – mar a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd, tha e mar dhleastanas air Bòrd na Gàidhlig fon Achd a bhith a' leasachadh na Gàidhlig agus thèid am fiosrachadh pearsanta a chruinnichear ann an rianachd nan sgeamaichean maoineachaidh a chleachdadh airson diofar ghnìomhan a chuireas ris an adhbhar seo. 'S e aon eisimpleir a bhith a' cruthachadh ro-innleachdan a tha ag amas air grunn diofar bhuidhnean taobh a-staigh coimhearsnachd na Gàidhlig.
- Adhbharan dligheach – bidh cuid de ghnìomhan a tha air an dèanamh le Bòrd na Gàidhlig is dòcha nach bi taobh a-staigh raon-ùghdarrais na h-Achd ged a tha iad fhathast nan adhbharan dligheach aig Bòrd na Gàidhlig gus a' Ghàidhlig a leasachadh. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach a bhith a' tar-chur fiosrachadh pearsanta gu buidhnean eile far a bheil an tar-chur a' cumail ri laghan dìon dàta. Dh'fhaodadh seo cuideachd a bhith a' gabhail a-steach foillseachadh fiosrachaidh mun tabhartas gu for-ghnìomhach, mar eisimpleir tro 360Giving (faic gu h-ìosal), no fo reachdas Saorsa an Fiosrachaidh, leis gu bheil ùidh aig a' phoball san dòigh sa bheil an t-airgead poblach againn air a chosg tro na tabhartasan againn, agus tha sinn dealasach a thaobh follaiseachd a thaobh mar a bheir sinn seachad am maoineachadh againn.

An tèid am fiosrachadh agam a chur air adhart gu duine sam bith eile?

Bidh sinn a' cleachdadh siostaman IT air an taobh a-muigh a chumas dàta pearsanta às ar leth, a' gabhail a-steach siostam riaghlaidh thabhartasan Fluxx (<https://bng.fluxx.io>) gus fiosrachadh a riaghladh co-cheangailte ri tabhartasan airson tagraidhean agus duaisean. (Faic am poileasaidh prìobhaideachd aca an seo <https://www.fluxx.io/privacy-policy>)

Dh'fhaodte cuideachd gum fastaich sinn eòlaichean bhon taobh a-muigh gus cuideachadh le measadh iarrtasan maoineachaidh no adhartais/buaidh le pròiseactan a chaidh a mhaoineachadh.

Bidh sinn a' foillseachadh fiosrachadh air na tabhartasan againn air an làraich-lìn againn airson a bhith follaiseach leis a' phobaill air na tabhartasan a tha sinn a' toirt seachad. Gheibhear fiosrachadh mu dheidhinn seo [air duilleag Dàta nan Tabhartasan againn an seo](#). Tha am fiosrachadh seo ga chleachdadh le 360Giving (<https://www.threesixtygiving.org/>) airson na seirbheis GrantNav aca (<https://grantnav.threesixtygiving.org/>).

Airson tabhartasan do dhaoine fa leth, ma tha iad air a thoirt seachad tro mhaoin a tha fosgailte do an dà chuid buidhnean is daoine fa leth, bidh sinn a' foillseachadh ainm an neach dhan deach an tabhartas a thoirt seachad mar as trice, còmhla ri fiosrachadh air a' phròiseict, is an ùghdarras ionadail anns a bheil an neach stèidhichte.

Ma gheibh sibh tabhartas mar neach fa leth is adhbhar sònraichte agaibh nach eil sibh airson gun tèid cuid den fhiosrachaidh gu h-àrd fhoillseachadh, faodaidh sibh fios a chur thugainn aig àm sam bith.

Tha aontaidhean làimhseachaidh dàta ann leis a h-uile buidheann a bhios a' làimhseachadh fiosrachadh pearsanta às leth Bòrd na Gàidhlig, agus mar phàirt de seo, feumaidh làimhseachadh a dhèanamh taobh a-staigh na RA no Roinn Eaconamach na h-Eòrpa.

Dè thachras nuair nach eil am fiosrachadh agam a dhith oirbh tuilleadh?

Mar as trice bithear a' cumail iarrtasan nach robh soirbheachail airson bliadhna bhon cheann-latha air an deach an co-dhùnadh a dhèanamh. Bithear a' cumail iarrtasan soirbheachail agus am fiosrachadh a thèid a chruinneachadh rè ùine a' chùmhnaidh airson ùine nas fhaide agus thèid an t-iarrtas agus am fiosrachadh sin a chumail airson, aig a' char as lugha, 6 bliadhna bho dheireadh na bliadhna ionmhais san deach an t-sùim mu dheireadh a phàigheadh mar thaic-airgid.

Thèid fiosrachadh iomraidh air tabhartasan a tha sinn air a thoirt seachad (mar eisimpleir tiotal a' phròiseict, buidheann-fhaotainn, sùim an tabhartas is iomradh air a' phròiseict) air a chumail foillsichte air an làrach-lìn againn mar chlàr eachdraidheil.

Na còraichean agaibh

Faodaidh sibh an cead agaibh, airson fiosrachadh pearsanta a chleachdadh air adhbharan follaiseachd is sanasachd a tharraing air ais aig àm sam bith. Bu chòir dhuibh cuimhneachadh ge-tà, ged a sguireas Bòrd na Gàidhlig de bhith a' cleachdadh an fhiosrachaidh agaibh air an adhbhar sin sa bhad, cha bhi e daonnan comasach dhuinn am fiosrachadh a thoirt às gach meadhan no raon poblach far a bheil e a' nochdadh, mar eisimpleir, ma tha e a' nochdadh ann an stuthan clò-bhuailte. Bu chòir fios a bhith agaibh cuideachd gu bheil a' chòir gus cead a tharraing air ais dìreach a' buntainn ri fiosrachadh a tha air a mheas pearsanta. Gu h-àbhaisteach, cha bhi a' chòir sin a' buntainn ri fiosrachadh mu dheidhinn bhuidhnean no comainn. Faodaidh sibh cuideachd an cead agaibh, airson fiosrachadh pearsanta a chleachdadh air adhbharan margaidheachd, a tharraing air ais aig àm sam bith.

Fo Riaghailt Coitcheann Dion Dàta na RA, tha grunn chòraichean agaibh a thaobh ur fiosrachadh pearsanta. Tha a' chòir agaibh:

- i. cead-inntrigidh iarraidh dhan fhiosrachadh phearsanta agaibh;
- ii. ceartachadh iarraidh air an fhiosrachadh phearsanta agaibh, a' ciallachadh gun tèid fiosrachadh ceàrr a chur ceart gun cus dàil;
- iii. iarraidh gun tèid am fiosrachadh pearsanta agaibh a dhubhadh às nuair a tha cumhachan sònraichte an sàs;
- iv. bacadh a chur air làimhseachadh ann an suidheachaidhean àraidh;
- v. cuir an aghaidh làimhseachadh;

vi. air so-ghiùlaineachd dàta ann an cuid de shuidheachaidhean.

Thèid iarrtasan a thaobh ceartachaidh, dubhadh às no bacadh air an fhiosrachadh a chleachdadh a chur gu duine sam bith a fhuair am fiosrachadh pearsanta agaibh. Tha fiosrachadh air faightearan ri lorg anns an earrainn [An tèid am fiosrachadh agam a chur air adhart gu duine sam bith eile?](#)

Dh'fhaodadh suidheachaidhean a bhith ann far nach urrainn do Bhòrd na Gàidhlig gabhail ris na h-iarrtasan gus na còraichean a chaidh ainmeachadh gu h-àrd a chur an gnìomh. Nam biodh seo fìor mu iarrtas a nì sibh, thèid mìneachadh dhuibh carson nach urrainn do Bhòrd na Gàidhlig an t-iarrtas agaibh a choileanadh agus dè na roghainnean a th' agaibh.

Far a bheil ur fiosrachadh pearsanta ga chleachdadh le ur cead, tha a' chòir a bharrachd agaibh ur cead a tharraing air ais aig àm sam bith. 'S urrainn dhuibh fhaighinn a-mach mar a thèid ur fiosrachadh pearsanta a làimhseachadh gu laghail anns an roinn [Ciamar a thèid am fiosrachadh agam a chleachdadh?](#)

Gearanan

Mura h-eil sibh toilichte leis an dòigh anns a bheil Bòrd na Gàidhlig air ur dàta pearsanta a chleachdadh, tha a' chòir agaibh gearan a chur gu Coimiseanair an Fhiosrachaidh, a tha a' riaghladh reachdas dìon dàta anns an RA. Gheibhear am fios conaltraidh aca aig <https://ico.org.uk/>.

Fios Conaltraidh

'S e Bòrd na Gàidhlig an Rianadair Dàta (no Rianadair) airson fiosrachadh pearsanta a thèid a chleachdadh mar a tha e air a mhìneachadh san t-sanas seo. Làrach-lìn: <http://www.gaidhlig.scot/>.

Ma tha ceist sam bith agaibh mu fhiosrachadh sam bith a th' anns an fhiosrachadh mu phrìobhaideachd seo, cuiribh fios an toiseach gu:

Ceann an Ionmhas is Cùisean Corporra/Oifigear Dìon Dàta
Bòrd na Gàidhlig
Taigh a' Ghlinne Mhòir
Rathad na Leacainn
Inbhir Nis IV3 8NW
oifis@gaidhlig.scot
01463 225454

Dreach Version Number	Adhbhar/ Atharrachadh Purpose/Change	Ùghdar Author	Ceann-là Date
V4	Ùrachadh le fiosrachadh mu 360Giving/foillseachadh	SK	13/10/2025
V3	Ùraichte le Fluxx agus ceanglaichean	SK	14/11/2024
V2	Smachd Sgrìobhainnean is suaicheantas BnG ùr	CNI/SB	17/10/2022
V3	Dèan lèirmheas	LT	28/10/2024